

Tabhartasan Foillseachaidh

Stiùireadh agus Slatan-tomhais

Tha am pàipear seo a' toirt stiùireadh air dòighean tagraidh airson tabhartas foillseachaidh, a' gabhail a-steach mar a bu chòir an clàr-iarrtais a lionadh agus fiosrachadh mu na slatan-tomhais againn. Tha e cuideachd a' nochdadh fiosrachadh mu na h-ìrean de thaic a dh'fhaodadh a bhith rim faotainn, a thuilleadh air fiosrachadh mu chosgaisean agus chruthan nach bi airidh air taic. Ma tha ceistean a bharrachd agaibh no mura h-eil ur ceistean air am freagairt gu h-ìseal, cuiribh brath thugainn agus bidh sinn toilichte ur cuideachadh. Thoiribh sùil cuideachd air an duilleig **Cothroman do dh'Fhoillsichearan** air làrach-lìn Chomhairle nan Leabhraichean mus cuir sibh a-steach ur n-iarrtas. Tha e ri lorg aig www.gaelicbooks.org.

SA PHÀIPEAR SEO, GHEIBH SIBH FIOSRACHADH MU NA LEANAS:

CIAMAR A CHUIREAS MI TAGRADH A-STEACH?

- Raointean a tha airidh air taic
- Ìrean de thaic
- Notaichean a bharrachd

SLATAN-TOMHAIS MEASADH

- Cosgaisean agus cruthan neo-iomchaidh
- Clàr-iarrtais – Stiùireadh

THA AN TAGRADH AGAM DEISEIL – DÈ AN ATH CHEUM?

- Dè a thachras nuair a chuireas mi an t-iarrtas agam a-steach?

CIAMAR A CHUIREAS MI TAGRADH A-STEACH?

Feumaidh sibh na leanas a dhèanamh airson tagradh a chur a-steach airson tabhartas foillseachaidh bho Chomhairle nan Leabhraichean (tha tabhartasan foillseachaidh fosgailte do dh'fhoillsichearan a-mhàin – chan eil e ceadaichte do sgrìobhadairean/luchd-deasachaidh iarrtas a chur a-staigh às an leth fhèin) :

1. Co-dhùn dè na raointean foillseachaidh aig a bheil feum air taic, a thaobh an tiotail a tha san amharc (faic gu h-ìseal, '**Raointean a tha airidh air taic**').
2. Lìonaibh a-steach clàr-iarrtais agus cuiribh na chois tuairmsean sgrìobhte bhon luchd-obrach gu lèir. Ma thathar a' sireadh taic airson obair a chaidh a dhèanamh leis an fhoillsichear fhèin, bidh feum air bristeadh dhe na cosgaisean sin air fad cuideachd.
3. Dèanaibh sgrùdadh air an iarrtas agaibh mu choinneamh ar '**Slatan-tomhais Measaidh**' mus cuir sibh e thugainn.
4. Cuiribh lethbhreac eileagtronaigeach dhen teacs air a thairpeadh (dreach no ann an cruth deireannach) thugainn an cois an iarrtais.
5. Cuiribh gach nì thugainn co-dhiù sia seachdainean ron ath choinneimh de Chomataidh nan Tabhartas. Gheibh sibh fiosrachadh mu cinn-latha nan coinneamhan agus cinn-latha deireannach airson tagraidhean air an làrach-lìn againn.

Raointean a tha airidh air taic

Thèid againn taic a chur ri cuid no na h-uile dhe na raointean a leanas dhen phròiseas foillseachaidh:

- Obair-deasachaidh agus dearbh-leughadh
- Deilbh agus dealbh còmhdaich (faic gu h-ìseal '**Notaichean a bharrachd – Obair ealain**')
- Clò-ullachadh
- Clàr-amais
- Clò-bhualadh
- Clàradh CD/DVD/MP3/cruth iomchaidh eile
- Ullachadh didseatach (teacs a-mhàin)

Ìrean de thaic

Gu h-àbhaisteach, dh'fhaodadh gum faigheadh iarrtasair soirbheachail airson tabhartasan foillseachaidh na h-ìrean taic a leanas:

LEABHRAICHEAN

- Foillseachaidhean le Gàidhlig na h-Alba a-mhàin – suas gu 80% de na cosgaisean (le £5,500 aig a' char as àirde) airson gach tiotal
- Foillseachaidhean dà-chànanach – suas gu 50% de na cosgaisean (le £4,000 aig a' char as àirde) airson gach tiotal

- Ath-chlò-bhualaidhean – suas gu 50% de na cosgaisean (le £2,500 aig a’ char as àirde) airson gach tiotal
- Chan eil foillseachaidhean le nas lugha na 10% de shusbaint Ghàidhlig na h-Alba gu h-àbhaisteach airidh air taic.

IRISEAN/RÀITHEACHAIN

- Foillseachaidhean le Gàidhlig na h-Alba a-mhàin – suas gu 80% de na cosgaisean (le £5,500 aig a’ char as àirde) airson gach tiotal
- Foillseachaidhean dà-chànanach – suas gu 50% de na cosgaisean (le £1,500 aig a’ char as àirde) airson gach tiotal
- Ath-chlò-bhualaidhean – suas gu 50% de na cosgaisean (le £1,000 aig a’ char as àirde) airson gach tiotal
- Chan eil foillseachaidhean le nas lugha na 10% de shusbaint Ghàidhlig na h-Alba gu h-àbhaisteach airidh air taic.

AN ÌRE AS ÀIRDE DE THAIC

Cha bhithear gu h-àbhaisteach a’ tairgsinn taic os cionn £5,500 airson foillseachadh fa leth sam bith, no barrachd air 80% de na cosgaisean foillseachaidh.

AN ÌRE AS ÌSLE DE THAIC

Cha tèid beachdachadh air tagraidhean airson cuideachadh le cosgaisean foillseachaidh nas ìsle na £100.

MAOINEACHADH AIS-SHEALLACH

Cha bhi Comhairle nan Leabhraichean a’ maoineachadh leabhraichean a tha ann an clò mar-thà. Bu chòir dha foillsichearan a tha am beachd iarrtas a chur a-steach airson taic-airgid dèanamh cinnteach gu bheil ùine gu leòr anns a’ chlàr-ama foillseachaidh airson gun teid an t-iarrtas aca a mheasadh.

Notaichean a bharrachd

- Taic-airgid ro-làimh – 30% le aonta

Airson cuideachadh le cosgaisean ro-foillseachaidh, pàighidh Comhairle nan Leabhraichean cuibhreann de suas ri 30% de thabhartas cho luath ’s a thèid aonta a ruighinn leis an fhoillsichear. Thèid an còrr dhen t-sùim a pàigheadh nuair a bhios an obair ann an clò, agus aon uair ’s gum faighte lethbhric dhe na cunntasan air fad.

- Foillsichearan ùra – 100% de mhaoineachadh airson a’ chiad dà thiotal

Tha sinn airson foillsichearan ùra Gàidhlig a bhrosnachadh, agus dh’fhaodadh gum biodh sinn deònach beachdachadh air ìrean nas àirde de thaic (suas gu 100% de chosgaisean iomchaidh, air bhunait gach tiotal fa leth) airson a’ chiad dà thiotal le foillsichear ùr Gàidhlig. Bhiodh an taic seo an urra ri slatan-tomhais sònraichte a bhith air an coileanadh, a’ gabhail a-steach plana gnìomhachais mionaideach. Cuiribh fios thugainn ma tha sibh am beachd a dhol an sàs ann am foillseachadh Gàidhlig – bhitheamaid toilichte cluinntinn bhuaibh.

- Obair ealain

Dh’fhaodadh gum biodh taic ri fhaighinn airson dealbh còmhdach tro thabhartasan foillseachaidh Chomhairle nan Leabhraichean.

Dh’fhaodadh gum biodh dealbhan, dealbhan-camara no obair ealain eile a tha a’ cur ri brìgh an

teasca airidh air taic tro thabhartas foillseachaidh cuideachd. Bu chòir do dh'fhoillsichearan a tha a' sireadh cuideachadh le cosgais dhealbhan (m.e. còraichean foillseachaidh/cisean cead no obair ealain/dealbhan-camara ùr) mion-fhiosrachadh agus figearan a chur ris a' chlàr-iarrtais airson tabhartas foillseachaidh, le tuairmse sgrìobhte na chois.

Chan eil obair ealain a tha na phàirt mhòr is bhunaiteach de phròiseact (m.e. leabhar comaig no nobhail grafaig) mar as àbhaist freagarrach airson maoineachadh tro thabhartas foillseachaidh ach dh'fhaodadh gum biodh e airidh air tabhartas barantais (faicibh an duilleag **Tabhartasan Barantais** air an làrach-lìn).

Chan eil dealbhan-beò a bhios neadaichte an lùib leabhraichean-dealain freagarrach airson maoineachadh tro thabhartasan Chomhairle nan Leabhraichean.

- **Cothroman eile**

Bho àm gu àm, bidh cothroman eile a' nochdadh a thaobh iomairtean foillseachaidh sònraichte, leithid ficsean Gàidhlig ùr. Bidh fiosrachadh air fhoillseachadh air ar làrach-lìn còmhla ri cuireadh airson tagraidhean, nuair a thig na cothroman sin an làthair.

- **Measadh chosgaisean**

Bidh gach co-dhùnadh maoineachaidh stèidhichte air measadh Chomhairle nan Leabhraichean air a' chosgais foillseachaidh iomlan. Bidh co-dhùnadh Chomataidh nan Tabhartas stèidhichte air molaidhean an Roinn Litreachais agus Foillseachaidh a rèir an fhiosrachaidh a thug am foillsichear seachad air a' chlàr-iarrtais.

- **Maoin chuingealaichte**

Cuimhnichibh, chan eil maoin gun chrìch againn, mar sin, chan eil gealltanais sam bith gum bi ur n-iarrtas soirbheachail.

SLATAN-TOMHAIS MEASaidH

Thathar a' measadh thagraidhean a rèir nan slatan-tomhais a leanas, a' gabhail beachd air an fhiosrachaidh a chaidh a thoirt seachad air a' chlàr-iarrtais, cuide ri na pàipearan taice na chois. Tha co-dhùnaidhean a thaobh na h-ìre de thaic air an dèanamh le Comataidh nan Tabhartas an dèidh beachdachadh air na slatan-tomhais air fad. Tha e àbhaisteach gum bi neartan agus laigsean co-cheangailte ris gach tagradh anns na raointean a leanas, ach thèid measadh cothromach a dhèanamh an-còmhnaidh.

CHAN EIL an liosta gu h-ìseal ann an òrdugh cudromachd. Bithear a' beachdachadh air na h-ochd raointean fa leth.

Slatan-tomhais

1. Càileachd chruthachail

Dè cho làidir 's a tha an sgrìobhadh? A bheil am fiosrachadh ceart agus air a sgrìobhadh ann an dòigh a thèid a thuigsinn? A bheil coltas tarraingeach gu bhith air an dreach deireannach?

2. Iarrtas san amharc agus comas margaideachd

A bheilear den bheachd gum bi fèill mhòr air an tìotal? An e ùghdar stèidhichte a th' ann? A bheil an obair a' freagairt air gnèithean prìomhachais Chomhairle nan Leabhraichean airson na bliadhna sin?

Gnèithean prìomhachais 2025-26:

- Rosg agus ficsean ann an cruth leabhair/agus no leabhair èisteachd agus/no leabhair-d;
- Leabhraichean do dheugairean;
- Leabhraichean cloinne sa Ghàidhlig bho thùs;
- Leabhraichean èisteachd san fharsaingeachd;
- Zines.

Thathar a' toirt prìomhachas do sgrìobhadh a chaidh a chruthachadh sa Ghàidhlig bho thùs (i.e. nach deach eadar-theangachadh bhon Bheurla/ cànan sam bith eile) ach bithear fhathast, ge-tà, a' measadh iarrtasan mu choinneamh iomadh seòrsa obrach. Bidh prìomhachasan a thaobh gnèithean gan ath-sgrùdadh gach bliadhna.

3. Ìre agus freagarrachd an t-susbaint Ghàidhlig

A bheil a' mhòr-chuid dhen fhoillseachadh ann an Gàidhlig na h-Alba? A bheil am briathrachas freagarrach dhan luchd-cleachdaidh a tha san amharc?

4. Neart ionmhasail agus luach an airgid

A bheil na cosgaisean a' coimhead reusanta agus ann an coimeas math ri inbhean làithreach gnìomhachais? An deach airgead a bharrachd a lorg o bhuidhnean-taice eile? A bheil am foillsichear fhèin deònach maoin a chur ris an tìotal?

5. Clàr-ama foillseachaidh ciallach

A bheil an clàr-ama a' coimhead ciallach? A bheil plana foillseachaidh rianail na chois?

6. Tùsalachd

A bheil an obair air a sgrìobhadh bho thùs ann an Gàidhlig na h-Alba no an e eadar-theangachadh a th' innte? (Thathar a' toirt prìomhachas do dh'obair air a sgrìobhadh ann an Gàidhlig na h-Alba bho thùs.) Dè cho eadar-dhealaichte no cho ùr-ghnàthach 's a tha an obair?

7. Luach spèisealta

Mura h-eil coltas ann gur e tìotal a reiceas aig àrd-ìre a bhios an seo, a bheil feartan matha eile co-cheangailte ris an obair, leithid luach cultarach no sgoilearach?

8. Plana margaideachd

A bheil am foillsichear air fiosrachadh a nochdadh mu phlana margaideachd? Dè cho drùidhteach agus dè cho ciallach 's a tha na planaichean?

Cosgaisean neo-iomchaidh

Tha raointean ann ris nach bithear a' cur taic tro thabhartasan foillseachaidh. Cha bu chòir iomradh a thoirt air na leanas nur n-iarrtas:

- Cosgaisean mu choinneamh stiùireadh phròiseactan
- Cosgaisean siubhail
- Cosgaisean clàraidh nas àirde na £500
- Cosgaisean bhidiothan, geamaichean, ceòl no dealbhan-beò a bhios neadaichte an lùib leabhraichean-dealain
- Pàigheadh dleasaidh ùghdaran
- Cosgaisean eadar-theangachaidh (Bu chòir do dh'fhoillsichearan a tha a' sireadh taic mu choinneamh eadar-theangachadh bho chànanan eile gu Gàidhlig na h-Alba beachdachadh air iarrtas a chur a-steach airson tabhartas barantais – faicibh an duilleag **Tabhartasan Barantais** air an làrach-lìn airson tuilleadh fiosrachaidh.)
- Sgaoileadh, stòradh no postachd
- Cosgaisean ruith san fharsaingeachd (m.e. fòn, dealan, màl oifis, is msaa.)
- Margaideachd (Bu chòir do dh'fhoillsichearan a tha a' sireadh taic a thaobh a bhith a' margaideachd tiotalan Gàidhlig fios a chur gu Oifigeir Reic is Margaideachd Chomhairle nan Leabhraichean, agus/no an Stiùiriche airson comhairle.)

Cruthan neo-iomchaidh

Tha cuid de chruthan ris nach bithear a' cur taic tro thabhartasan foillseachaidh. 'S iad sin:

- Pàipear-sgrìobhaidh is eile
- Bathar shanasachd sam bith, a' gabhail a-steach cairtean, mìosachain, làraich-lìn agus blogaichean
- Geamaichean, apaichean, mapaichean agus cur-seachadan
- Leabhraichean no goireasan oideachaidh gu sònraichte airson sgoiltean (cuiribh brath gu **Stòrlann**)
- Leabhraichean stiùiridh teicnigeach no leabhraichean-iùil
- Foillseachaidhean ann an riochd didseatach a-mhàin a tha às aonais ro-innleachd RCD (Rianachd Chòraichean Didseatach) airson ath-sgaoilidh neo-cheadaichte a chasg
- Foillseachaidhean às aonais no le glè bheag (nas lugha na 10%) de shusbaint anns a' Ghàidhlig

Clàr-iarrtais - Stiùireadh

Tha clàr-iarrtais air a lìonadh a-steach gu coileanta deatamach airson tagradh a bhith soirbheachail. Gheibh sibh clàr-iarrtais le brath a chur gu Comhairle nan Leabhraichean, no le lethbhreac (PDF no Word) a luchdachadh a-nuas bhon làrach-lìn www.gaelicbooks.org. Tha stiùireadh mu gach earrann dhen chlàr-iarrtais foillseachaidh air a thaisbeanadh gu h-ìseal.

- **Ainm agus seòladh an fhoillsicheir**

Cleachdaibh ainm agus seòladh oifigeil a’ chompanaidh, leis a’ chòd-puist na chois. Ma tha seòladh puist-dealain agaibh, thoiribh sin cuideachd is thèid a chleachdadh airson fios a chumail ri bh a thaobh mar a tha dol dhan iarrtas agaibh.

- **Eòlas**

San t-seagh seo, tha foillsichearan ùra a’ ciallachadh iadsan nach eil air barrachd is aon tiotal fhoillseachadh roimhe, ann an cànan sam bith.

- **Ùghdaran, deasaichean, dealbhadairean agus co-thabhartaich buntainneach sam bith eile**

Cuiribh sìos ainm neach sam bith a tha co-cheangailte ris an obair.

- **Tiotal na h-obrach**

Thoiribh seachad làn thiotal an fhoillseachaidh, agus àireamh an iris/an t-sreath, mar is iomchaidh. Ma tha an tiotal fhathast ri dhearbhadh, thoiribh tiotal obrachaidh.

- **Seòrsachadh**

Nochdaibh an e obair ùr a chaidh a sgrìobhadh ann an Gàidhlig na h-Alba bho thùs a tha seo; an deach a h-eadar-theangachadh bho chànan eile gu Gàidhlig na h-Alba; no an e ath-chlò-bhualadh/ath-foillseachadh a tha innte.

- **Cruth**

Comharraichibh dè an seòrsa foillseachadh a tha seo, m.e. leabhar, leabhar-èisteachd (CD/DVD/MP3/cruth iomchaidh eile), iris, leabhar-dealain (bu chòir MP4/ePub/Mobi no cruthan teacsa didseatach eile a bhith air an comharrachadh mar ‘Didseatach’).

- **Tuairisgeul goirid**

Thoiribh seachad geàrr-iomradh air susbaint an fhoillseachaidh, a’ gabhail a-steach feartan sònraichte sam bith, m.e. cuspair, raon aoise air a bheil an tiotal ag amas, fiosrachadh mun ùghdar (m.e. a bheil iad aithnichte no ùr), is msaa.

- **Susbaint Ghàidhlig**

Tha Comhairle nan Leabhraichean gu h-àraidh deònach taic a chur ri foillseachaidhean anns a bheil tomhas àrd de Ghàidhlig na h-Alba. Le tiotalan nach eil 100% ann an Gàidhlig na h-Alba, thoiribh beachd air dè an ìre dhen teacsa a tha sa Ghàidhlig, a’ gabhail a-steach an còmhach, duilleagan toisich, ro-ràdh agus am prìomh theacsa air fad.

- **Ceann-latha foillseachaidh san amharc**

Innsibh cuin a tha sibh an dùil a bhios an obair foillsichte. Bu chòir iomradh a thoirt air a’ mhìos agus a’ bhliadhna a tha san amharc.

- **Fad na h-obrach**

Airson tiotalan ann an cruth leabhair, comharraichibh tuairmse air cia mheud duilleag a bhios san fhoillseachadh. Cuideachd, airson leabhraichean agus leabhraichean-d, thoiribh beachd air cia mheud facal a bhios ann (chun na 1,000 as fhaighe).

Airson leabhraichean èisteachd/stuth clastinn didseatach, comharraichibh tuairmse dhen fhaid ann am mionaidean.

- **Dealbhan**

Innsibh cia mheud dealbh a bhios a' nochdadh san leabhar, ma tha gin idir, agus an ann dathte no dubh is geal a bhios iad.

- **Ceangladh**

Airson leabhraichean/irisean clò-bhuailte, innsibh dè an seòrsa còmhdach/ceangal a bhios air an obair. Airson leabhraichean-d, innsibh dè na cruthan anns am bi an tiotal ri fhaotainn.

- **Meud eagrain**

Airson leabhraichean/irisean clò-bhuailte, no airson clàraidhean air CD no DVD, innsibh cia mheud lethbhreac a bhios air am foillseachadh. Thathar cuideachd a' cur fàilte air tiotalan a bhios air an clò-bhualadh mar a thèid iarraidh (print on-demand), agus chan eil e gu diofar dè cho beag no cho mòr 's a bhios an àireamh de lethbhric a tha sibh am beachd a chlà-bhualadh.

- **Cosgaisean dèanaimh – Tuairmsean sgrìobhte**

Cuiribh lethbhreac sgrìobhte de gach tuairmse bho luchd-malairt, luchd-comhairleachaidh no luchd-obrach neo-eisimeileach a dh'fhaodadh a bhith ag obair air an fhoillseachadh (a' gabhail a-steach luchd-deasachaidh, dearbh-leughadairean, dealbhadairean, luchd-ullachaidh-clò is obraiche sam bith eile). Chan fhaod an tuairmse a bhith nas sine na 60 latha ro cheann-latha an tagradh foillseachaidh agaibh.

A thaobh clò-bhualadh (no dèanamh CD/DVD), bu chòir dhuibh tuairmsean sgrìobhte bho co-dhiù dà chlà-bhualadair eadar-dhealaichte a chur an cois an tagraidh. Feumar seo ge brith a bheil am foillseachadh ann an cruth leabhair/iris clò-bhuailte no ann an cruth CD/DVD èisteachd. Chan fhaod na tuairmsean a bhith nas sine na 60 latha ro cheann-latha an tagradh foillseachaidh agaibh.

- **Cosgaisean dèanaimh – taobh a-staigh an fhoillsicheir**

Ma tha pàirt sam bith dhen obair foillseachaidh gu bhith air a dhèanamh taobh a-staigh an fhoillsicheir, thoiribh mìneachadh air na cosgaisean. Thoiribh seachad fiosrachadh mun ùine obrach san amharc, ìrean-pàighidh san uair no an tuarastail airson gach pàirt dhen obair.

Dh'fhaodadh gum biodh dàil air an tagradh mura dèanar sin.

- **Ainmean an luchd-obrach**

Thoiribh seachad ainmean luchd-obrach a' phròiseict/luchd-malairt/luchd-obrach neo-eisimeileach, agus ainmean nan companaidhean aca (mar is iomchaidh), m.e. Iain

Mac a' Ghobhainn, Breakish Typesetters.

- **Margaideachd**

Thoiribh geàrr-iomradh air mar a tha dùil agaibh an tiotal a mhargaidheachd, m.e. a bheil sibh ag amas air tachartas foillseachaidh? Ma tha, a bheil ceann-latha san amharc agaibh? A bheil

sibh am beachd fios a sgaoileadh air an eadar-lìon no tron phost? Tha fiosrachadh mun phlana margaideachd agaibh na phàirt riatanach dhen iarrtas.

- **Ro-mheasadh reic**

Thoiribh tuairmse air reic ris a bheil dùil sa chiad dà bhliadhna an dèidh dhan tiotal nochdadh (an àireamh gu h-iomlan air a reic san Rìoghachd Aonaichte agus, ma tha e iomchaidh, thall thairis).

- **Maoineachadh eile**

Thoiribh seachad fiosrachadh mu mhaoin sam bith a tha am foillsichear fhèin a' cur mu choinneamh an tiotail. Cuideachd, bu chòir fios a thoirt seachad mu mhaoin eachadh sam bith eile (le ainmean an dà chuid luchd-maoineachaidh dearbhte agus dòchasach), agus beachd air an ìre de thaic.

Chan eil e ceadaichte do Chomhairle nan Leabhraichean taic a chur ri tagraidhean a tha mar-thà air, no a bhios an dùil, taic-airgid fhaighinn o Bhòrd na Gàidhlig agus/no Alba Chruthachail.

- **Ainm agus seòladh an tagraiche**

Cuiribh ainm an neach a bhios an urra ris an tagradh.

THA AN TAGRADH AGAM DEISEIL – DÈ AN ATH CHEUM?

Aon uair 's gu bheil an clàr-iarrtais agaibh coileanta, le lethbhric na chois de thuairmsean sgrìobhte luchd-malairt, lethbhreac dhen teacs, agus pàipearan-taice sam bith eile, cuiribh e thugainn aig an t-seòladh gu h-iseal.

Dè a thachras nuair a chuireas mi an t-iarrtas agam a-steach?

1. Cuiridh sinn brath air ais thugaibh, air post-dealain no tron phost, gun do ràinig ur tagradh.
2. Thèid an tagradh agaibh a sgrùdadh airson dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile fiosrachadh riatanach na chois. Cuiridh sinn brath thugaibh ma bhios feum air tuilleadh fiosrachaidh.
3. Thèid beachdachadh air ur n-iarrtas aig an ath choinneamh de Chomataidh nan Tabhartas.
4. Gheibh sibh fios mu cho-dhùnadh Comataidh nan Tabhartas taobh a-staigh dà sheachdain an dèidh coinneimh na Comataidh.
5. Ma bhios ur n-iarrtas soirbheachail le tabhartas foillseachaidh air a thabhann, feumaidh sibh ur n-ainm a chur ris a' chùmhnannt agus a thilleadh thugainn taobh a-staigh 30 latha.

TUILLEADH FIOSRACHAIDH

Airson tuilleadh fiosrachaidh no a dh'iarraidh clàr-iarrtais, cuiribh brath thugainn aig:

Roinn Litreachais is Foillseachaidh
Comhairle nan Leabhraichean
32 Sràid Achadh a' Mhansa
Glaschu G11 5QP

Ceistean: publications@gaelicbooks.org

Clàir-iarrtais: mairi@gaelicbooks.org

Air ùrachadh mu dheireadh: 13 Gearran 2025